



Ceistean

Coimhead air paragraf 6.

1. (a) Dè tha thu a' mothachadh a tha sònraichte mu structair nan seantansan sa pharagraf seo?

Tha am paragraf seo a' seasamh leis fhèin, le dìreach aon seantans goirid.

- (b) Ciamar a tha an structair sònraichte seo èifeachdach?

Tha an structair seo èifeachdach a chionn 's gu bheil e a' tarraing aire an leughadair gu sònraichte chun nam briathran a tha a' nochdadh sa pharagraf seo. Tha e a' toirt fa-near don leughadair gu bheil iomagain air an tìdear gu bheil am blaigear, Ailean, air a làmh a chur suas. Anns an sgeulachd, thug seo air an tìdear stad agus eagal air dè bha a' dol a thachairt às dèidh seo. Anns an aon dòigh, seach gu bheil am paragraf a' seasamh leis fhèin, tha e a' toirt air an leughadair stad agus smaointinn mu na dh'fhaodadh tachairt a-nis 's gu bheil Ailean a' dol a bhruidhinn a-mach sa chlas.

Thoir sùil air paragraf 8.

2. (a) “Chaidh monmhor thairis a' chlas mar ghaoith tro fheur air latha foghair”

*Dè an innleachd sgrìobhaidh a tha an t-ùghdar a' cleachdadh an seo?
Similidh*

- (b) Dè cho èifeachdach 's a tha an samhla seo?

Tha an samhla seo èifeachdach leis gu bheil e a' toirt dealbh dhuinn air mar thachair sa chlas. Chòrd e ris a' chloinn gu mòr gun robh Ailean air seo a ràdh airson an tìdear a nàrachadh. Tha am similidh seo èifeachdach ann a bhith a' toirt fa-near dhan leughadair gun robh gàireachdaich agus ùpraid a' sgaoileadh tron chlas gu luath gun duine a bhith air a chur air dòigh.

Thoir sùil air paragraf 8.

- 3. Thoir seachad abairt a tha a' sealltainn gun robh an tìdsear a' faireachdainn air a nàrachadh mu na bha Ailean air a ràdh.**

“Chaidh aodann geal agus an uair sin dearg”

Thoir sùil air paragraf 10

- 4. “Rinn Ailean gàire magail”**

Dè tha an abairt seo ag innse dhuinn mu nàdar Ailein?

Tha e ag innse dhuinn gur e balach misneachail a bha ann an Ailean agus gun robh e a' feuchainn ri làmh-an-uachdair fhaighinn air an tìdsear le bhith a' toirt a char às agus a' magadh air.

Thoir sùil air paragraf 11.

- 5. “meaban”**

Thoir seachad facal eile a tha a' ciallachadh an aon rud ri “meaban”.

Blaigear, rasgal, peasan, msaa

Thoir sùil air paragraf 15.

- 6. “Cha deigheadh càil mar siud seachad air an rasgal ud”**

Nad fhaclan fhèin, inns na tha thu a' tuigsinn bhon abairt seo.

Tha e a' ciallachadh gur e creutair a bh' ann an Ailean a bhiodh a' toirt an aire dhan a h-uile rud. Ann am beachd an tìdseir, bha rudan mar seo a' còrdadh ris cho math 's nach dìochuimhnicheadh e idir e. Cuideachd, tha an tìdsear am beachd gun cùm e grèim air an fhiosrachadh feuch am faigh e mì-mhodh air choreigin às.

Thoir sùil air paragraf 17.**7. (a) “Cuiribh na leabhraichean air falbh” dh’òrdaich e le smachd cugallach na ghuth.”**

*Dè an innleachd sgrìobhaidh a tha an t-ùghdar a’ cleachdadh an seo?
ogsamoron*

(b) Dè cho èifeachdach 's a tha an innleachd sgrìobhaidh seo?

Tha e air leth èifeachdach gu bheil an sgrìobhadair a’ cleachdadh ogsamoron sa phìos seo den sgeulachd. Tha an tidsear a’ feuchainn, mar a tha a’ mhòr-chuid de thidsearan, ri òrdugh a thoirt dhan chlas le smachd na ghuth. Ach, air sàillibh 's mar a tha Ailean air a ràdh, tha e a’ faireachdainn gu bheil e an impis smachd a chall agus gu bheil e a-nis ‘cugallach’.

Thoir sùil air paragraf 22.

“...choimheadadh e ort leis na sùilean mòra a bha mar dà lòn anns a’ mhòintich”

8. (a) Dè an innleachd sgrìobhaidh a tha an t-ùghdar a’ cleachdadh an seo?

similidh

(b) Dè cho èifeachdach 's a tha an innleachd sgrìobhaidh seo?

Tha e èifeachdach oir tha e a’ togail dealbh dhuinn air coltas an neach-sgrùdaidh, ach aig a’ cheart àm, tha e ag innse dhuinn beagan mu character an neach-sgrùdaidh. Tha e a’ togail dealbh dhuinn air sùilean a tha domhainn agus caran eagalach leis nach fhaic sinn dè tha air cùl nan sùilean agus dè na smuaintean a th’ aige.

Thoir sùil air paragraf 25 – 26.**9. Mìnich nad fhaclan fhèin mar a thathar a’ tuigsinn gu bheil co-fhaireachadh aig an neach-sgrùdaidh ris an tidsear.**

Thathar a’ tuigsinn gu bheil co-fhaireachadh aig an neach-sgrùdaidh ris an tidsear leis an dòigh anns a bheil e ag èisteachd ris nuair a tha e ag innse dha mun trioblaid le Ailean. Bha an neach-sgrùdaidh den bheachd gun robh an sgeulachd mu na fiaclan fuadain caran èibhinn agus chuir e a làmh air gàirdean an tidseir airson tuigse agus co-fhaireachdainn a shealltainn. Cuideachd, tha e ag ràdh ris an tidsear gun dragh a ghabhail mu Ailean agus gun dèilig esan ris.

Thoir sùil air paragraf 29.**9. (a) Dè an innleachd sgrìobhaidh a tha an t-ùghdar a' cleachdadh an seo?**

eadar-ràdh (parenthesis)

(b) Dè cho èifeachdach 's a tha an innleachd sgrìobhaidh seo?

Tha e èifeachdach gu bheil an sgrìobhadair a' cleachdadh eadar-ràdh an seo. Tha seo a' tarraing aire an leughadair gu sònraichte chun nam briathran a tha a' nochdadh taobh a-staigh nan camagan. Tha e cudromach gu bheil na faclan seo anns an sgeulachd, agus le iad a bhith ann an camagan, tha e a' toirt fa-near dhuinn gur e seo an smuain a tha air cùl inntinn an tidseir. Tha an tidsear mothachail gun robh Ailean ga ghiùlan fhèin ann an dòigh cus na b' fhèarr na b' àbhaist dha. Tha seo a' cur dragh air an tidsear, ach chan eil e ag iarraidh cus smaointinn a dhèanamh mu dheidhinn, agus mar sin, tha e iomchaidh gu bheil am fiosrachadh seo ann an camagan.

Thoir sùil air paragraf 35.**10. "Fhreagair Ailean gu h-iriosal"**

Nad fhaclan fhèin, mìnich na tha seo ag innse dhuinn mu dheidhinn mar a bha Ailean a' faireachdainn.

Bha an neach-sgrùdaidh air bruidhinn ri Ailean mun dol-a-mach aige, agus ged nach eil fhios againn na chaidh a ràdh, thathar a' tuigsinn gu bheil e air Ailean a cheannsachadh ann an dòigh shocair ach èifeachdach. Bha Ailean a' faireachdainn gum bu chòir dha spèis a thoirt dhan neach-sgrùdaidh, agus mar sin tha e ga fhreagairt gu modhail agus gu h-umhail.